




An Tuineap Mòr



Air ath-innse le Diana Bentley • Na dealbhan le Graham Round



Uair bha siud chuir bodach sìol anns a' ghàrradh.

Dh'fhàs tuineap uabhasach mòr.

Aon là bha am bodach ag iarraidh an tuineap
mòr a thogail.

Shlaod agus shlaod e.


Ach cha b' urrainn dha an tuineap mòr a thogail.

Chunnaic am bodach a bhean.

Thuir am bodach,

“An cuidich thu mi a’ togail an tuineip mhòir?”

Agus thuir a bhean,



Cuidichidh



Thòisich am bodach agus a bhean a' slaodadh
an tuineip mhòir.

Shlaod agus shlaod iad.


Ach cha b' urrainn dhaibh an tuineap mòr a thogail.

An uair sin chunnaic am bodach cù.

Thuirt am bodach,

“An cuidich thu mi a' togail an tuineip mhòir?”

Agus thuirt an cù,



cuidichidh



Thòisich am bodach agus a bhean agus an cù
a' slaodadh an tuineip mhòir.

Shlaod agus shlaod iad.


Ach cha b' urrainn dhaibh an tuineap mòr a thogail.

An uair sin chunnaic am bodach cat.


Thuirt am bodach,

“An cuidich thu mi a' togail an tuineip mhòir?”

Thuirt an cat,



cuidichidh



Thòisich am bodach agus a bhean agus an cù
agus an cat a' slaodadh an tuineip mhòir.

Shlaod agus shlaod iad.


Ach cha b' urrainn dhaibh an tuineap mòr a thogail.

An uair sin chunnaic am bodach luchag.

Thuirt am bodach,

“An cuidich thu mi a' togail an tuineip mhòir?”

Thuirt an luchag,



cuidichidh



Thòisich am bodach agus a bhean agus an cù
agus an cat agus an luchag a' slaodadh an
tuineip mhòir.


Shlaod agus shlaod iad agus an uair sin,

POP!

Thàinig an tuineap a-mach às an talamh.

Thuit am bodach agus a bhean agus an cù agus
an cat agus an luchag agus thuirt iad,





Chuidich an cù agus an cat agus an luchag am
bodach agus a bhean a' cur an tuineip dhan
phoit.

Nuair a bha an tuineap deiseil dh'ith am bodach
agus a bhean agus an cù agus an cat agus an
luchag brot blasta agus thuirt iad,

